

Pined 811.

annual report

1969

an comunn gaidhealach



An Comunn Gaidhealach

(The Highland Association)

Headquarters

ABERTARFF HOUSE, CHURCH STREET, INVERNESS
Telephone No. 0436-31226

Glasgow Office

65 WEST REGENT STREET, GLASGOW, C.2
Telephone No. 041-332 1433

Stornoway Office

91 CROMWELL STREET, STORNOWAY
Telephone No. Stornoway 1147

Fear Stiuiridh

Director

D. J. MACKAY

Fiosraiche

P.R.O.

D. MACLEOD

Runaire

Secretary

M. MACLEOD

ANNUAL REPORT

for the nine months from 1st April 1969 to 31st December 1969

Contents

PRESIDENTS AND SECRETARIES OF BRANCHES	<i>five</i>
AFFILIATED SOCIETIES	<i>ten</i>
EXECUTIVE COUNCIL	<i>eleven</i>
REGIONAL COUNCIL AND COMMITTEES	<i>twelve</i>
ROIMHFHOCAL	<i>thirteen</i>
OBAIR NAN COMHAIRLEAN	<i>fourteen</i>
An Ard Chomhairle	<i>fourteen</i>
Comhairle an Earail	<i>seventeen</i>
Comhairle a Mhoid 'sa Chiùil	<i>seventeen</i>
Comhairle an Ionmhais	<i>eighteen</i>
Comhairle a' Chlo-chualaidh 'san Fhoghlaim	<i>nineteen</i>
Comhairle an Ealdhain is a' Ghnìomhachais	<i>twenty</i>
Comhairle Roinn na h-Airde Tuath	<i>twenty</i>
Comhairle Roinn na h-Airde Deas	<i>twenty-one</i>
Iomradh an Luchd Dreuchd	<i>twenty-four</i>
REVIEW OF THE YEAR	<i>twenty-six</i>
APPENDIX 1	<i>thirty-one</i>
APPENDIX 2	<i>thirty-two</i>
BALANCE SHEET as at 31st December 1969	<i>thirty-six</i>
STATEMENT OF INCOME & EXPENDITURE	<i>forty-eight</i>
NATIONAL MOD, AVIEMORE, Income & Expenditure Account	<i>fifty</i>
SUMMARY OF DONATIONS	<i>fifty-two</i>

Presidents and Secretaries of An Comunn Branches

NORTHERN AREA

- ABERDEEN**
President Mr Kenneth MacLeod.
Secretary Mrs Anne G. Draper, 41 Gilcomstoun Land, Aberdeen.
- AULTBEA**
President Miss Ann Munro.
Secretary Miss K. Matheson, Ach na Thearnaidh, Inverasdaie, Wester Ross.
- AVIEMORE**
President Mr C. M. MacLeod.
Secretary Miss M. Duff, Rathven, Aviemore.
- BEAULY**
President Mr K. Campbell.
Secretary Mrs J. Harris, 11 Pritchard Crescent, Beauly.
- CLYNE**
President Mr Donald K. Ross.
Secretary Mrs E. J. Gunn, 2 Gatehouse, Brora.
- CROMARTY**
President Mr Murdo MacDonald.
Secretary Mrs C. A. MacKenzie, Laurel House, Cromarty.
- DINGWALL**
President Mr Donald J. MacLean.
Secretary Miss Jean Gammie, Kenmore, Ledarigid, Dingwall.
- DORNOCH**
President Mr W. G. Calder.
Secretary Mrs B. MacKee, 1 Braemen Terrace, Bishopfield, Dornoch.
- DURNESS**
President Mr George Campbell.
Secretary Mrs Agnes Clark, White Heather, Durness, Sutherland.
- ELGIN AND DISTRICT**
President Mr Peter MacInnes.
Secretary Miss W. Cruickshank, 70 South College Street, Elgin.
- FORRES**
President Dr H. M. Morgan.
Secretary Miss Elizabeth B. MacWilliam, M.A., 6 North Road, Forres.

President FORT WILLIAM
Mr A. MacIver.
Secretary Miss Catherine MacDonald, Lochaber Hostel, Fort William.

President GOLSPIE
Mr Hugh Campbell.
Secretary Miss B. MacRae, 2 Seaforth Road, Golspie.

President GRANTOWN-ON-SPEY
Mr A. MacAulay.
Secretary Miss J. Grant, Anagach, Grantown-on-Spey.

President INVERNESS
Mr Neil MacDonald.
Secretary Mr Ian MacLeod, 29 Ardconnel Street, Inverness.

President KINGUSSIE
Mr Alasdair MacLennan.
Secretary Mrs C. Gall, "Selerang", Campbell Crescent, Kingussie.

President LAGGAN
Mrs Kenneth MacKay.
Secretary Mrs Cameron Robertson, Balgowan, Laggan.

President LEWIS
Mr Donald Kennedy.
Secretary Mr Donald MacDonald, Schoolhouse, North Tolsta, Lewis.

President NEWTONMORE
Mr D. J. Wilson.
Secretary Mr James Matheson, 35 Clune Terrace, Newtonmore.

President NORTH UIST
Mr John MacDonald.
Secretary Mrs Catherine M. Johnson, Craigard, Lochmaddy.

President PORTREE
Mr D. Macmillan.
Secretary Miss A. MacPherson, 3 Budmhor, Portree.

President THURSO
Mrs E. Murray.
Secretary Mr John Porter, Gerston, Halkirk, Caithness.

President ULLAPOOL
Mr Murdo MacLean.
Secretary Mr John Buchanan, Schoolhouse, Ullapool.

SOUTHERN AREA

President ABERFELDY
Mrs Petrine Stewart.
Secretary Mrs M. Morris, 35 Chapel Street, Aberfeldy.

ABERFOYLE AND DISTRICT

President Mr J. MacGregor.
Secretary Mrs D. Galbraith, 6 Lochard Cottage, Kinlochard, Aberfoyle.

ARRAN

President Mrs Murdina Currie.
Secretary Mrs May Thomson, Largie Mhor, Whiting Bay, Arran.

AUCHTERARDER

President Rev. Angus MacAskill, M.A.
Secretary Mr James Houston, 12 Victoria Road, Auchterarder.

AYR

President Mr Kenneth A. Matheson.
Secretary Mr E. W. Thornton, 5 Barns Park, Ayr.

BLAIR ATHOLL AND STRUAN

President Rev. Donald Cameron.
Secretary Mr Jack Ferguson, The Garden House, Blair Atholl.

BUCHANAN

President Miss Margaret Millar, 27 Charles Crescent, Drymen.
Secretary

BUNESSAN AND PENNYGHAEL

President Mr Hugh Lamont.
Secretary Mrs Euphemia Kane, "Brae", Ardachy, Bunessan.

CORNAIGMORE

President Mr Malcolm M. MacLean.
Secretary Mr Neil MacLeod, M.A., "Tigh A' Chuain", Balephetrish, Tiree.

CRUACHAN

President Mr Kenneth Campbell.
Secretary Mr J. MacDonald, "Dalriada", Taynuilt.

CUMBERNAULD

President Mr Calum MacLeod.
Secretary Mrs M. Conlon, 1b Mossiel Road, Cumbernauld.

DUMFRIES AND GALLOWAY

President Mr John Grant, M.A.
Secretary Mrs Cath. R. Johnston, Snowdrop Bank, 226 Annan Road, Dumfries.

DUNDEE

President Mr Frederick D. Graham.
Secretary Mrs Annella Boyd, 37 St. Vincent Street, Broughty Ferry, Dundee.

DUNKELD

President Dr N. Morison.
Secretary Mr Struan Stewart, Forrest Lodge, Dunkeld.

DUNOON

President Mr Gilbert MacAllister, M.A.
Secretary Mr A. P. Shaw, Milton Tower, West Bay, Dunoon.

- President* EDINBURGH
Secretary Mr John A. MacLeod.
Miss Christina MacKay, 67 Arden Street, Edinburgh, 9.
- President* FALKIRK
Secretary Mr Lachlan Munro.
Miss Kathleen E. Reid, 19 Queens Street, Grangemouth.
- President* GLASGOW
Secretary Mr Calum D. Morrison.
Mr David Edgar, 79 Essex Drive, Glasgow, W.4.
- President* GLENROTHES
Secretary Mr R. Tosh.
Mrs Helen Tosh, 2 Dura Crescent, Woodside, Glenrothes.
- President* HILLFOOTS
Secretary Mr Andrew Bennie.
Mrs Scobbie, 14 Glebe Crescent, Tillicoultry.
- President* ISLAY
Secretary Mr Duncan MacCalman.
Miss Effie Clark, "Achnamara", Port Charlotte.
- President* KILLIN
Secretary Mr G. C. Colmar.
Miss E. Walker, Corrie Cottage, Killin.
- President* KILMARNOCK
Secretary Rev. Arch. M. Beaton, T.D., M.A.
Mrs Jean Ferguson, 45 Cedar Road, Grange, Kilmarnock.
- President* KINLOCH RANNOCH
Secretary Mr A. Campbell.
Miss Morag MacGregor, Ardlarich, Rannoch Station, Perthshire.
- President* KINROSS
Secretary Mr A. Sneddon.
Mr Alexander Bayne, Jnr., Boreland, Cleish, Kinross-shire.
- President* LARBERT
Secretary Mr John MacLean.
Miss Mary Robertson, 71 Main Street, Larbert.
- President* LARGS
Secretary Mr T. Caldwell.
Mrs J. Stephen, 68 Millburn Gardens, Largs.
- President* LOCHEARNHEAD
Secretary Mr J. C. Ferguson.
Mrs K. Stewart, "Innishewan", Luib, Perthshire.
- President* LOCHFYNESIDE
Secretary Mr R. Gargan.
Mr R. Climie, Fernbank, Ardrishaig.

LOCHTAYSIDE

President Mrs Hugh Fraser.
Secretary Miss Elizabeth C. MacDiarmid, Shenlarich, Lawers, by Aberfeldy.

LOGIERAIT

President Mr Charles MacDonald.
Secretary Miss Annie Dewar, Hillhead, Logierait, Ballinluig.

MANCHESTER

President Mr Patrick D. Curley.
Secretary Mr Donald J. Munro, Roewoods, Birtles Road, Macclesfield, Cheshire.

NORTH OF ENGLAND

President Mr John A. MacLeod.
Chairman Dr R. Campbell.
Secretary Dr Neil MacKichan, 59 The Drive, Tynemouth.

OBAN

President Mr Alex. J. MacLeod, M.A.
Secretary Mr R. L. M. Banks, B.L., 19 Stevenson Street, Oban.

PORT GLASGOW

President Mr Angus Smith.
Secretary Mr Robert Smith, 1 Moray Place, Linwood.

SALICOATS AND DISTRICT

President Mr Kenneth M. Finlayson.
Secretary Mr C. A. MacInnes, B.Sc., A.R.I.C., 87 Sharphill Road, Saltcoats.

STIRLING

President Mr Iain D. MacCallum.
Secretary Mrs Mary F. M. MacNicol, Ardbeg, Bridge of Allan.

TOBERMORY

President Captain Black.
Secretary Mr James Gallacher, Clydesdale Bank, Tobermory.

VALE OF LEVEN

President Mr Murdo MacGregor.
Secretary Mr John Agnew, 18 Lansbury Street, Levenvale, Alexandria.

Affiliated Societies

Aberdeen Gaelic Choir
Arran Society of Glasgow
Ballachulish Gaelic Choir
Blairgowrie & District Highland Association
Celtic Union, Edinburgh
Clan Cameron Association
Clan Campbell Society of Edinburgh
Clan Donnchaidh Society
Clan MacLean Association
Clydebank Highlanders' Association
Comunn an Taobh-an-iar
Comunn na Clarsaich
Comunn Tir nam Beann, Dùn-éideann
Crieff & District Highland Association
Cumbernauld Gaelic Choir
East Kilbride & District Highlanders' Association
Edinburgh Gaelic Choir
Gaelic Society of Glasgow
Gaelic Society of London
Gaelic Society of Perth
Glasgow Badenoch Association
Glasgow Coll Association
Glasgow Gaelic Drama Association
Glasgow Gaelic Musical Association
Glasgow Hebridean Choir
Glasgow Highland Club
Glasgow High School Gaelic Class Ceilidh
Glasgow Islay Association
Glasgow Islay Gaelic Choir
Glasgow Jura Association
Glasgow Lewis & Harris Association
Glasgow Morven Association
Glasgow Mull & Iona Association
Glasgow Skye Association
Glasgow Sutherlandshire Association
Glasgow University Ossianic Club
Glasgow Wester Ross Benevolent Association
Gourock Highland Association
Govan Gaelic Choir
Greenock Gaelic Choir
Greenock Gaelic Choral Society
Greenock Tir nam Beann Association
Hamilton & District Highlanders' Association
Helensburgh & District Highland Association
Highland Society of Dunfermline
Johnstone Highlanders' Association
Kilmarnock Gaelic Choir
Knightswood & District Highland Association
Lanark Highlanders' Association
Lewis Youth Clubs' Association
Lochalsh Gaelic Choir
London Argyllshire Association
London Gaelic Choir
Lothian Celtic Choir
Luss & District Highland Society
Manchester Gaelic Choir
Maryhill & District Highland Association
Mid-Argyll Association
Motherwell & Wishaw Highland Association
North Uist & Bernera Association
Oban and Lorn Association
Paisley Highlanders' Association
St. Columba Gaelic Church Choir
Skelmorlie & District Highland Association
Stirling Gaelic Choir
Stirling Gaelic Society
Stornoway Gaelic Choir
Tiree Association
Uist and Barra Association
Vancouver Comunn Gaidhealach

EXECUTIVE COUNCIL 1968/69

Hon. President

Lady Bannerman of Kildonan, Balmaha.

ELECTED MEMBERS

President

Rev. Arch. M. Beaton, T.D., M.A., Dundonald.

Council

Elected from Northern Regional Council —

I. R. Mackay, *Vice-President*, Inverness.
Miss Lucy Cameron, Caol.
D. J. MacCuish, Inverness.
Tom MacIver, Evanton.
Miss Kay Matheson, Inverasdale.

Elected from Southern Regional Council —

Roderick MacKinnon, *Vice-President*, Perth.
*Donald Grant, Glasgow.
John A. MacDonald, Glasgow.
Calum D. Morrison, Glasgow.
Alex. P. Shaw, Dunoon.

Representatives —

Treasurer Samuels, Corporation of Glasgow.
John A. Smith, Glasgow, Joint Committee of Colleges of Education in Scotland.
Professor D. S. Thomson, Glasgow, Celtic Departments of the Universities.
Provost R. MacLeod, Tobermory, Argyll County Council.
Ronald Macdonald, Inverness, Director of Education.
Donald Kennedy, Stornoway, Lewis & Harris District Council.
John MacInnes, M.B.E., Daliburgh, Uist & Barra District Councils.
Mrs C. F. Rutherford, Helmsdale, Association of County Councils in Scotland.
Provost Donald Thomson, Oban, Educational Institute of Scotland.
Murdo MacLeod, Bayble, Ross-shire County Council.
Harvey MacLean, *ex-officio*, Ayr, Financial Adviser.
Archie Fraser, *ex-officio*, Glasgow, Convener, Art and Industry Committee.

* Deceased

REGIONAL COUNCILS 1968/69

Northern — Donald J. MacCuish (*Chairman*), H. D. Robertson (*Vice-Chairman*), Miss Lucy Cameron, M. Campbell, Mrs A. Draper, A. Fraser, Rev. David K. Keith, A. MacAulay, A. MacDonald, Mrs C. C. Macdonald, F. Macintosh, T. MacIver, I. R. Mackay, D. MacLean, Dr J. A. MacLean, H. MacRae, Miss Kay Matheson, J. Mathieson, F. G. Thompson, Mrs V. Grant Washington.

Southern — Roderick Mackinnon (*Chairman*), Calum D. Morrison (*Vice-Chairman*), R. L. M. Banks, *Donald Grant, Dr A. A. Kirkland, Gilbert MacAllister, John A. MacDonald, Norman E. MacDonald, Rev. John MacDougall, Miss Flora Macfarlan, Miss Mary MacGillp, Calum A. MacInnes, Hamish MacKinnon, Norman MacLennan, John A. MacLeod, Miss May M. Macmillan, Mrs C. Monaghan, Lachlan Munro, Donald Nicholson, Alex P. Shaw, Provost Donald Thomson.

AREA COMMITTEES

Badenoch, Strathspey — Secretary: Father D. Keith, St. Aidans, Aviemore.

Forth Area Committee — Secretary: Miss Peggy Gray, The Lodge, Dunmore, Falkirk.

Lothians Fife and Kinross — Secretary: Miss I. MacMillan, 29 Drumsheugh Gardens, Edinburgh 3.

Central Area Committee — Secretary: Mr David Edgar, 79 Essex Drive, Glasgow W.3.

Ayrshire Area Committee — Secretary: Mr Calum MacInnes, 87 Sharpbill Road, Saltcoats, Ayrshire.

Perthshire Area Committee — Secretary: Mr Hugh MacDermid, 9 Elm Lane, Perth.

COMMITTEES

Advisory — Rev. Arch. M. Beaton, *Donald Grant, Donald J. MacCuish, I. R. MacKay, Roderick MacKinnon, Miss Kay Matheson, Alex. P. Shaw, Provost Donald Thomson, Professor D. S. Thomson.

Finance — Alex. P. Shaw (*Convener*), R. L. M. Banks, C. Stewart Jackson, Donald J. MacCuish, I. R. MacKay, Harvey MacLean, James Shankland, President (*ex-officio*).

Publication and Education — Roderick MacKinnon (*Convener*), *Donald Grant, John A. MacDonald, Ronald MacDonald, Norman E. MacDonald, Farquhar MacIntosh, I. R. MacKay, Dr J. A. MacLean, Finlay MacNeill, Donald Morrison, John A. Smith, James Thomson, President (*ex-officio*).

Mod and Music — Provost Donald Thomson (*Convener*), Miss Lucy Cameron, Miss Evelyn Campbell, Mrs Anne Draper, *Donald Grant, Miss Joan Mackenzie, John A. MacRae, Calum D. Morrison, Alex. P. Shaw, President (*ex-officio*).

Representatives from Association of Gaelic Choirs — Ian M. Millar, James Sinclair.

Representatives from Mod Local Committees — Rev. David K. Keith, Finlay MacRae, R. L. M. Banks, Hugh Macintyre.

Art and Industry — Archie Fraser (*Convener*), W. A. Aitken, Miss A. M. Gair, Miss May F. Hunter, John A. MacDonald, Tom MacIver, Mrs Donald MacLeod, Gilleasbuig MacLellan, Miss May M. Macmillan, Miss Kay Matheson, President (*ex-officio*).

* Deceased.

Roimhfhacal – Foreword

Nas lugha na bliadhna air ais mhol mi do neach sam bith leis bu mhath fios a bhith aige air dé an t-adhartas a bha An Comunn a' dèanamh e a leughadh na h-Aithisg Bhliadhnail, agus, aon uair eile 's i sin an dearbh chomhairle a tha mi a' toirt seachad.

Ged nach eil an Aithisg so ach air son na h-ùine bho'n cheud latha de'n Ghiblein gu 31 latha de'n Dùdlachd, a chionn is gun deach Bliadhna Cùntasan A' Chomuinn atharrachadh, bidh e soilleir do luchd-leughaidh gun d'rinneadh mór adhartas anns na mìosan sin.

B' e Mòd na h-Agaidh Mhoir, mar tha fios agaibh, a' cheud oidhirp a rinn An Comunn air gnothaichean a shineadh gu naoi latha, agus ged a thàinig rud no dhà an uachdar a dh'fheumar a leasachadh an déidh so b' i bharrail choitcheann gun deachaidh le cùisean gu h-anabarrach math.

Faodar sin a ràdh gu dligheach, tha mi smaoinichadh, a thaobh na chaidh a thogail a dh'airgead, agus tha e iomchuidh meal an naidheachd a chur air Comhairle Ionadail a' Mhòid 'san Agaidh Mhoir air son cho fìor dhealasach is a dh'obraich iad còmhla ri chéile gu sin a thoirt gu buil.

Tha mi smaoinichadh gur e gliocas a bh'ann aontachadh a' Choinneamh Bhliadhnail a sgaradh bho'n Mhòd Nàiseanta. Bha na buill uile aontaichte nach b'urrainn na b'fheàrr nan t-Oban mar cheann-uidhe na Coinneamh Bhliadhnail, gu h-àraidh a chionn is gu robh Còmhdhail Bhliadhnail nan Roinnean Dùthchail gu bhith air a cumail 'sa' bhaile 'sa' Ghiblein, is gum biodh e ro iomchuidh an dà chuid a chumail air dà latha an déidh a chéile.

Ma bhios an àireamh agus an ùidh a bha aig a' Chòmhdhail an uiridh aig Còmhdhail na bliadhna so chan eil teagamh sam bith nach fhaod dùil a bhith againn ri cnuasachadh is coinneamhan air leth buannachdail.

Fad na bliadhna, is gu h-àraidh ré làithean a' Mhòid, bha sinn glé fhada ann an comain buidhnean eile, mar a tha am B.B.C. is na paipearan naidheachd, air son an cuideachadh a thug iad ann a bhith ' craobh-sgaoileadh na h-uibhir mu na bha sinn an dùil a dhèanamh is na h-oidhirpean a th'air an cleachdadh gu ùidh ath-bheothachadh 'nar cànan 's 'nar dualchas, agus àite dligheach fhaotainn dhaibh 'nar dùthaich.

Tha sinn glé fhada ann an comain Roinn an Fhoghlaim air son an tuilleadh cuideachaidh airgid a thugadh dhuinn an bliadhna.

Chan fheum sinn diochuimhn a dhèanamh air an deagh obair a tha na buill Phàrlamaid Gaidhealach a' dèanamh air sgàth a' chànan is an cuideachadh a thug iad an uair a chaidh Bile a' Mhòid Nàiseanta troimh 'n Phàrlamaid.

Ged a tha cùltaic gealltanach bho bhuidhnean eile chan fheum sinn dimeas a dhèanamh air an fhìrinn, ma tha dùil gu bhith againn ri cuideachadh bho bhuidhnean eile, gu feum sinne a tha ag aithris gu bheil sinn a' seasamh air cùl a' chànan a bhith 'nar tàmh, gun ùidh, gun fhialaidheachd a nochadh. Tha fìrinn 'san ràdh — “An làmh a bheir 's i a gheibh.”

Tha sinn a' guidhe gach soirbheachadh a bhith leantainn saothair Mhgr. MhicAoidh, am Fear Stiùiridh, e anns an obair a tha e ri dèanamh anns na h-eileanan, obair ris a bheil mòran an crochadh. Bu mhath leam a chur air mhaireann ar mór thaingalachd mar Chomunn air son an dòigh ionmholta anns a bheil e fhéin is seirbhisich eile A' Chomuinn ann an Glaschu, Inbhirnis is Steòrnabhagh ag obrachadh còmhla ri chéile a' strìth gu ar cànan a chumail beò is slàn.

Bu mhath leam taing a thoirt do na comhairlean gu léir is an luchd-gairme air son an cuideachadh a tha iad san a' toirt dhomh is an obair mhath a tha iad a' dèanamh.

Tha mi'n dochas gu nochd na tha air fhoillseachadh 'san Aithisg Bhliadhnail do na buill, chan e mhàin an obair a thatar a' dèanamh, ach an obair a tha fhathast againn uile ri dhèanamh, ma tha àite urramach is tèarainte gu bhith aig ar dualchas anns na làithean air thoiseach oimn.

GILLEASBUIG PEUTAN.

Obair nan Comhairlean

'Se iomradh obair 9 mìosan a tha so o'n chaidh rùintean a bhonn stéidh atharrachadh, gum biodh a' bhliadhna oibreach a' crìochnachadh aig a Bhliadhna' Uir an àite aig deireadh na Màirt. 'S dòcha mar sin nach bi uidhir 's is abhaist r'a leughadh. Chuir e iongnadh oirnn aig a choinneamh gur e suas ri 100 a chuir mu dheidhinn an aithisg bhliadhnail fhaighinn ach ged a bha so a'togail ceist am b'fhiach dhuinn a bhì cuir a mach aithisg tha sinn a' leantainn romhainn.

Chaidh ainm A' Chomuinn is a Mhòid air Leabhar nan Reachdan am bliadhna 'nuair a fhuair Russel MacIain aonta nan Cumantan dha'n ahd a cheadaich do Chomhairlean an Riaghaltais Ionadail airgid a chuir ris a' Mhòd Nàiseanta. Fhuair sinn fìor thogail air an t-samhradh nuair a thainig an t-Oll. I. A. MacIlleathain 'gar cuideachadh an Tigh Obar Thairbh. 'S beag a tha cho fileanta no cho ealanta ris air na gnothuichean 'sam feum sinn a bhì sàs gu cunbhalach.

Ged a tha uallach oibreach air gach Comhairle fa leth saoilidh sinn air a bhliadhna so gur ann air Comhairle a' Mhoid 'sa' Chiùil a thuit an cuideam is motha. Bha aca ri gach ullachadh a dheanamh airson am Mod a leudachadh gu 9 latha an cobhonn ris a Chomhairle Ionadail 'san Agaidh Mhoir. Bha iomradh feadh na rioghachd mar tha air cho soirbheachail 'sa bha gach cùis.

Ann an raointean eile bha sinn mor as na rinn am B.B.C., Comhairle Craolaidh nan Sgoiltean agus na Siorramachdan, gu h-àraidh siorramachd Rois is Chrombaidh, airson prógraman oideachaidh is ciùil a chuir a mach air Bh.H.F. Tha sinn a rithist fo fhiachaibh a Chontroller fhein airson gach piobrachadh a rinn e ann an Lunnainn 'san Dun-Eidean 'sa' chùis so.

Tha gach comhairle mothachail air cho bàigheil 'sa bha muinntir nam paipeir naidheachd, an reidio 'san telebhisean ruinn air a bhliadhna 's tha sinn a' toirt taing dhaibh gu bheil iad deonach ar 'n ainm a chumail fa chomhair an t-sluaigh.

AN ARD CHOMHAIRLE

Coinneamhan: Chumadh ceithir coinneamhan de'n Ard Chomhairle, aon dhiubh sin ri riochdairean bho bhuidhnean an Leódhas agus Na Hearadh. Thog sinn bho gach riochdaire a labhair gu robh iad aontaichte gum feumte a'

Ghàidhlig a chleachdadh na bu trice na bhatar a' dèanamh roimhe so araon anns an dachaidh agus ann an ceann gnothaich. Chuidicheadh e leis gach oidhirp a bhatar a' dèanamh as leth na Gàidhig le caochladh bhuidheannan anns an eilean nan co-oibricheadh an cuid bhall an còmhnaidh anns gach dòigh a tha 'nan comas.

Ceann Suidhe Urramach: Tha sinn toilichte agus moiteil gun do ghabh a' Bhaintighearna Nic Ille Na Brataich ris a' chuireadh gu bhith 'na Ceann Suidhe Urramach air A' Chomunn Ghaidhealach air son bliadhna. Tha piseach air tighinn air a slàinte is tha dùil aig a' Bhaintighearna coinneamhan a fhrithealadh a dh'aithghearr.

Oifis A' Chomuinn anns na h-Eileanan an Iar: Dh'fhosgladh an Oifis ann an Steòrnabhagh aig deireadh an t-samhraidh is tha am Fear Stiùiridh a' cur seachad a' mhòr-chuid de thìde air ceann-gnothaich anns na h-Eileanan.

Còmhhdhail Mheuran is Comuinn Dhàimheil an dà Roinn: Chumadh a' Chòmhhdhail 'san Oban air an 18 is an 19 latha de'n Ghiblein. B'e so Còmhhdhail cho soirbheachail is a chumadh fhathast le móran riochdairean an làthair bho Mheuran A' Chomuinn is na Comuinn Dhàimheil. A thuilleadh air iomraidhean bho'n Cheann Suidhe is bho'n Fhear Stiùiridh, bheachdaich cròileanan de riochdairean air Togail Airgid, Cis Bhall, Cis nan Comuinn Dhàimheil Obair nam Meur, agus Rùintean san fharsaingeachd.

Labhair an Dr I. Skewis, Bòrd Leasachaidh na Gaidhealtachd, air Obair Luchd-turuis anns na ceàrnaidhean 'san robh a' Ghàidhlig 'ga labhairt agus mhol e gum bu chòir do Mheuran A' Chomuinn an tuilleadh ùidh a ghabhail 'san obair so. 'S iomadh rud co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, caitheamh-beatha nan Gaidheal, is eachdraidh ar dùthcha a ghabhadh cur fa chomhair luchd-turuis, ni a chuireadh àirde air a' chànan is air ar dualchas. B'i a' cheist mhór, a dh'fheumadh tuilleadh cnuasachaidh, am b' urrainn do'n Mhòd Nàiseanta no Mòd Sònraichte a bhith air uidheamachadh gu luchd-turuis a thàladh as gach ceàrn de' n t-saoghal. Thatar a' beachdachadh air a so.

B'e Socio-Economic Development an cuspair air an do labhair Professor Iain P. Mac an Tòisich, B.P. Bha dà cheist ag éirigh as a so —

1. Cumadh Riaghladh Ionadail an déidh so.
2. Dealbhadh Leasachadh Cosnaidh.

B'e beachd Profesair Mhic an Tòisich gum bu chòir riaghladh ionadail is leasachadh na Gaidhealtachd 'san fharsaingeachd a bhith leotha fhéin an àite a bhith ann an roinnean, agus ùghdarras gnìomhach a bhith aig an roinn sin a bhiodh an làmhnan Comhairle de Bhuill Phàrlamaid Ghaidhealach. So cuspair, thubhairt Profesair Mac an Tòisich, air am feumadh An Comunn beachdachadh agus tighinn gu co-dhunadh dhaibh fhéin.

Bòrd Leasachaidh na Gaidhealtachd: Air iarrtas A' Chomuinn tha dùil ri coinneamh eadar am Bòrd agus riochdairean bho'n Chomunn. Chuireadh na

rùintean a tha An Comunn a' moladh a thaobh a' Mhòid Naiseanta chun a' Bhùird. Tha am Bord fhathast a' beachdachadh air obraichean ann an ceàrnan de'n Ghaidhealtachd agus dh'aontaich an Ard Chomhairle an gnothach fhàgail gu faighear a mach rùintean a' Bhùird is dé tha dùil aca a dhèanamh anns na ceàrnaidhean an iar. Bha e a' fàs follaiseach gu robh iad eadar dà pholasaidh — tionnsgalan móra faisg' air meadhon chrìochan agus cha robh iad buileach cinnteach mu na h-ìomallan.

Airgead: “Ma tha An Comunn gu adhartas a dhèanamh leis an obair feumaidh e na h-innealan gu sin a dhèanamh — tha feum aig A' Chomunn air airgead.” Sin mar a thubhairt Mgr. Harvey MacGilleathain, Fear Comhairlichidh an Ionmhais, ris na buill aig a' Choinneamh Bhliadhnail. Bha airgead taisgte aig A' Chomunn ach chailleadh An Comunn gu mór nan rachadh buntainn dha an dràsda. Fhuair eadh cuideachadh airgid bho Roinn an Fhoghlaim is tha dùil gun lean sin ma sheallas An Comunn an dubh 's an geal gun do chruinnicheadh barrachd nan àbhaist. Feumaidh roinn de'n airgead tighinn bho na Meuran agus eadar na Meuran, na Comuinn Dhàimheil is na Buill, feumar £3,000 a bharrachd a thogail 'sa' bhliadhna. Mhol Mgr. MacGilleathain dà dhòigh eile gu airgead a thogail is thubhairt e gun tug Maoin a' Chultar, a tha fo riaghladh Aitreach nan Gaidheal, cuideachadh airgid do 12 Còisirean Cloinne a chuir air a shon.

Atharraichidhean anns a' Bhonn-stéidh: Ghabhadh ri caochladh atharraichidhean. Bidh bliadhna nan cùntasan (Financial Year) a nis a' crìochnachadh aig deireadh na bliadhna an aite an 31 latha de'n Mhàrt is cumar a' Choinneamh Bhliadhnail anns a' Ghiblin, chan ann an déidh a' Mhòid. Mar sin bu mhath leinn an déidh so gum biodh airgead — cìsean, tabhartais is fiachan — an lamhan an Ionmhasair roimh 'n Bhliadhn' Uir.

Tha e mar fhiachamh air Meuran is Comuinn Dhàimheil deagh aire a thoirt gum bi riochdairean aca aig a' Choinneamh Bhliadhnail. Is coir a' Choinneamh Bhliadhnail a chleachdadh gu beachdachadh gu cùramach air adhartachadh is brosnachadh na Gàidhlig is aire a thoirt do chor caitheamh-beatha is bèd-shlaint slugh ar dùthcha. Feumar seasamh gu daingeann ri ar còraichean mar shluagh aig a bheil cànan dhaibh fhein.

Dh'aontaicheadh Cis Bhliadhnail nam Ball (Meuran is eile) àrdachadh bho 10/- gu £1. Tha 5/- 'sa' bhliadhna ri phaidheadh aig Buill Oigrìdh an àite 2/6 is chaidh Cis Bhuill Beatha àrdachadh bho £5.5/- gu £7.7/-.

Bile nan Comhairlean Dùthchail: Ghabh an Riaghaltas ris a' Bhile so is tha e nis laghail do Chomhairlean Dùthchail airgead a thoirt do'n Chomunn gach bliadhna. Tha ar taing aig na Buill Phàrlamaid a bha air cùl a' ghnòthaich.

Bàs dà Cheann Suidhe: Chaochail am Mòrair Iain M. Mac Ille na Brataich 'san Og-mhios is Mgr. Fearchar MacRath 'san t-Samhain. Bidh cuimhne gu bràth

aig A' Chomunn air an dithis Ghaidheal chòir ghasda so a chuir àirde agus loinn air gach coinneamh is còmhhdail le'n làthaireachd. Bha iad le chèile 'nam Fìr Ghairme Comhairle a' Mhòid is a Chiùil is bha Mgr. MacRath greis air ceann Comhairle an Fhoghlaim. Bu mhòr an spéis do'n Chomunn, do'n Ghàidhlig is do ar dualchas. Tha ar mòr cho-fhaireachdainn aig am mnathan is an teaghlachan.

COMHAIRLE AN EARAIL

Seach nach robh gnothach àraidh ri beachdachadh air cha do choinnich a' Chomhairle.

COMHAIRLE A' MHOID IS A' CHIUIL

Chumadh ceithir coinneamhan de'n Chomhairle.

Am Mòd Nàiseanta, An Agaidh Mhór, 1969: Ma ghabhas sinn àireamh nan co-fharpaiseach a dh'fheuch aig a' Mhòd mar shlait-tomhais chan eagal nach robh féill air An Agaidh Mhoir mar àite ùr do'n Mhòd Nàiseanta. Bha latha gu leth aig a' chloinn dhaibh fhéin is le na bh'ann 's ann bu chòir dà latha shlàn a bhith aca. Mar an robh bùidean cho pailt is a tha iad an àitean eile chan eil teagamh nach robh annasan eile ann a chòrd ris a' chloinn uair sam bith a bha iad saor o cho-fharpaisean. Bha e 'na mhisneachd uibhir do chloinn as Siorrachd Inbhirnis a bhith feuchainn agus a bharrachd air na Còisirean àbhaisteach as na h-Eileanan is Tìr Mòr, bhiodh e iomchuidh meal an naidheachd a chur air clann Sgoil Phaibil an Leodhas a rinn cho fìor mhath mar chòisir agus ann an co-fharpaisean fa leth a' cheud uair a' dh'fheuch iad.

Chan eil teagamh nach robh na co-fharpaisean ùra — Piobaireachd Inbheach is Còmhlaing Fìdhleireachd — a chumadh air Di-sathairne fìor mhath. Chuidich e leis an àireamh ann an co-fharpaisean piobaireachd na h-òigridh iad a bhith feuchainn air Di-sathairne seach latha eile. Tha sinn an comain John Player airson an cuideachadh a rinn iad le duaisean leis a Bhratach Oir, is na thiodhlac iad de dh'airgid.

Bha Di-màirt air a chur air taobh do chuid de co-fharpaisean nan inbheach, rud a thug faochadh do'n ath latha. Chan eil teagamh nach robh na co-fharpaisean ùra an Sreath A' Bhuinn Oir — seinn òran bho bhial-aithris — soirbheachail ged tha feadhainn fhathast de'n bheachd gum bu chòir na co-fharpaisean so a bhith leotha fhéin. Tha co-fharpais de'n t-seòrsa so air a bhith an clàr-iomairt a' Mhòid bho chionn fhada ach 's e glé bheag a bha gabhail sùim dhith! A réir choltais feumaidh co-éigneachadh a bhith air a chleachdadh 'san dol a mach gus am faigh co-fharpaisich blasad air an dualchas so 's gun gabh iad tlachd gu togarrach ann an seann òrain ar daoine.

Thug Mórág NicLeòid, Sgoil Eòlais na h-Alba, seachad òraid thaitneach

air òrain is am fuinn — b'è an aon choire nach do cheadaicheadh uine gu leòr dhith. Ceud taing, a bhanacharaid.

Air son a' cheud uair bha feasgar dhaibh fhéin aig sgiobaichean na dràma. Tharraing iad àireamh mhath luchd-éisdeachd ach bha còir aig barrachd a bhith ann. Taing mhór do na buidhnean, te a Leodhas, a Duneideann is sgioba Phortnalong.

Tha taing A' Chomuinn aig an Réisimeid — Royal Highland Fusiliers — a chuir saighdearan gu freasdal anns na tallachan agus mar an ceudna do sheirbhisich na h-Aitreabh air son gach cuideachadh a thug iad seachad. Dh'obraich a' Chomhairle Ionadail math da-rireadh is tha gach ball airidh air taing dhurachdach air son an saothrach roimh an Mhòd agus fhad 's a bha am Mòd air thigheadas aca.

Tha e iomchuidh taing a thoirt do Chomhairle Aitreabh nan Gaidheal ann an Glaschu a thug cuideachadh airgid do 12 còisirean as a' Mhaoin a thòisich iad air cruinneachadh an uiridh. Mile taing cuideachd do Chompanaidh British Aluminium a thug seachad Crùn a Bhàird.

Feumar taing a thoirt do Chomhairle Math an Fhearainn (British Farm Produce Council) air son Féisd a chuir fo'r comhair a rithist is do Mgr. Iain Leese a rinn gach ullachadh air a son.

Am Mòd Nàiseanta, An t-Oban, 1970: Bidh am Mòd so air a chumail 'sa' bhaile anns an do stéidhicheadh An Comunn is tha a' Chomhairle Ionadail glé thrang a' trusadh airgid is an sàs anns gach ullachadh feumail eile.

Tha a Chomhairle toirt mor thaing do Urras NicCaoig a thug £200 gu leabhrair ciùil a Chlò-bhualadh airson a' mhòid.

Am Mòd Nàiseanta, Sruighlea, 1971: Ghabhadh ri cuireadh bho Mheur Shruighlea aig a' Choinneamh Bhliadhnail. O'n uairsin stéidhicheadh Comhairle Ionadail aid a bheil riochdairean bho gach ceàrn de'n t-Siorrachd is tha iad a' cur romhpa £7,000 a thogail.

COMHAIRLE AN IONMHAIS

Anns na naoi mìosan chumadh ceithir coinneamhan de Chomhairle an Ionmhais, té dhiubh sin ann an co-bhonn ri Comhairle Ionadail a' Mhòid 'san Agaidh Mhóir.

Mar thoradh air na thubhairt Roinn an Fhoghlum ri riochdairean A' Chomuinn agus na chaidh a ràdh aig Còmhdail nan Roinnean 'san Oban, thugadh aire do chis nam ball agus cho-dhunadh nach robh 10/- 'sa' bhliadhná ro choltach do bhuidheann nàiseanta agus dheilbheadh rùn gus na trì seòrsachan chis (Buill Beatha, Buill Bhliadhnail is Buill Oigridh) àrdachadh.

Bha cuid de na Meuran nach robh a' tuigsinn gu feum An Comunn barrachd airgid agus eadar na chuireadh an céill aig a' Choinneamh Bhliadhnail agus ann

an sgrìobhadh o'n uairsin, tha a' Chomhairle an dòchas gun tig an t-suim a chuireadh romhpa bho gach Meur. Tha e cinnteach nach eil e glic do Mheuran a bhith a' càrnadh suas airgead nach eil iad a' cur gu feum - airgead bu choir a chur gach bliadhna ri obair A' Chomuinn gus feum a dhèanamh dheth mu'n caill e luach.

Tha a' Chomhairle fìor bhuidheach le Comhairle Ionadail a' Mhòid 'san Agaidh Mhoir a chruinnich le'n saothair fhéin suas ri £9,000 — suim a tha a' dearbhadh an dealas a nochd cinn-feadhna na Comhairle is an luchd-cuideachaidh ann an sgìre dhùthchail. An déidh na cosgaisean a phaidheadh gu h-iomlan tha mu £6,000 air fhàgail gu cuideachadh le obair A' Chomuinn.

Bheachdaich a' Chomhairle air cosgaisean siubhail a dh'fhaodas Buill na h-Ard Chomhairle is Buill nan Comhairlean eile a dhleasadh agus dh'aontaicheadh ath-leasachadh iomchuidh a dhèanamh orra.

Ged tha cosgaisean a' sìor dhol an àird tha a' Chomhairle toilichte nach eil An Comunn ann am fiachan aig deireadh na bliadhna so. Le fìor bheagan cuid-eachaidh gach bliadhna bho Ghaidheil is gach aon aig a bheil ùidh anns an obair a tha An Comunn a' stri ri dhèanamh cha leigeadh a leas eagal a bhith gum biodh An Comunn ann am fiachan uair sam bith.

COMHAIRLE A' CHLO-BHUALAIDH 'SAN FHOGHLUIM

Choinnich a' Chomhairle ceithir uairean ré na bliadhna 's ged nach robh an còthrom aca leabhraichean ùr a thoirt am follais le cion airgid anns na naoi mìosan rinneadh ullachadh mu choinneamh na bliadhn' uir.

Bha an t-adhartas a rinn Comhairlean an Fhoghlum a' thaobh teagasg na Gàidhlig an cuid deth na siorrachdan a' ciallachadh gu robh féill agus feum air leabhraichean sgoile a bharrachd air an àbhaist. Anns an dearbh roinn seo bha Comhairle nan Leabhraichean-sgoile Gàidhlig a' deanamh obair shònruichte agus tha nis uallach na h-oibreach seo ann an tomhais mhór air a toirt bho'n Chomunn. 'Se adhartas mor tha seo agus tha obair Fear-stiuiridh na Gàidhlig an Inbhir-Nis, Mgr. Murchadh MacLeod, air a moladh gu mór.

Clò-bhualaidhean Ur

Dh'aontaich a' Chomhairle gum bu choir "Bruidhneamaid Gàidhlig" — na leasan a thainig a mach an toiseach an SRUTH fo laimh Ruairidh MhicFhionghuin agus "Büntus Cainnte" — na leasan a thatar a' deasachadh bho Ghaidhlig na h-Eireann an Oilthigh Obairdheadhainn — a chuir a mach an 1970.

Ath-Chlò-bhualadh

Ghabhar beachd Comhairle nan Leabhraichean-sgoile Gàidhlig air feumalachd nan leabhraichean a leanas agus mhol iadsan gum bu mhath an ath-chlo-

bhualadh: — **Bardachd Ghaidhlig, Rosg, Ceum air Cheum**, agus **Gaelic Poems for Interpretation**. A thuilleadh air iad sin ghabh a' Chomhairle ri ath-chlo-bhualadh a dhèanamh air **Reid's Elementary Gaelic Grammar**.

Pergamon Press

An deidh comhradh eadar An Comunn agus riochdaire bho Pergamon Press shaoileadh gun gabhadh cuid deth na tha iad a' cur a mach 's an t-sreath "Read About It" a chlo-bhualadh an Gaidhlig. Tha Comhairle nan Leabhraichean-sgoile Gaidhlig an deidh seo a gabhail os laimh.

COMHAIRLE AN EALDHAIN IS A' GHNIOMHACHAIS

Choinnich a' Chomhairle 4 uairean agus a thuilleadh air ullachadh a dheanamh mu choinneamh Mod an Agaidh Mhoir dheasaich na buill clar-iomairt 1970 agus 1971.

Cha robh an sèomar 'san robh am foillseachadh 'san Agaidh Mhór cho freagarrach 'sa lùigeadh a' Chomhairle agus gun teagamh mhill sin a' chuis. Bha moladh air an obair a chaidh fhoillseachadh ach tha a' Chomhairle de'n bheachd gu feum barrachd ullachaidh a dheanamh roimh laimh.

Chuidich Comhairle Ealdhain na h-Alba le dealbhan agus tha iad a' giùlain earrainn deth chosgais an fhoillseachaidh.

COMHAIRLE ROINN NA H-AIRDE TUATH

Bha e deanamh uallach do'n Fhear-Gairme, D. I. MacCumhais, re na bliadhna, nach robh cuid de na buill a' frithealadh nan coinneamhan cho dileas 'sa bha feumail.

Chaidh obair nam buthan-fios an Tigh Obar Thairbh agus aig Stabuill an Rìgh, Cui-lodair air adhart mar is abhaist. Tha aireamh luchd-tadhail a' dol a meud gach bliadhna.

Chum a' Chomhairle suil air leudachadh obair nan rocaidean an Uibhist agus chuidich iad le bhith stri as leth nan iasgair.

Bho steidhicheadh an G.T.C. bha an suidheachadh an cuid a dh'aiteachan, gu h-àraidh an Taobh an Iar Rois, gle dhoirbh le gainnead luchd-teagaisg ciuil. Ghabh a' Chomhairle os laimh sgrìobhadh chun na roinn-riaghlaidh a tha gabhail gnothuch ris a' leithid sin ach chun an seo chaneil an suidheachadh dad nas fhèrr a thaobh luchd-teagasg fhaotainn. A thuilleadh air an sin chaidh An Comunn agus Fear Stiuiridh a' Chiuil an Siorrachd Rois a sas anns a Bh.B.C. airson leasanan-ciuil a chuir a mach air an reidio air Bh.H.F. Rinneadh adhartas math leis an seo agus bidh leasanan a' tighinn a mach trath 'sa' bliadhn' uir.

Chomhairlich na buill gum bu choir cuir ri Fir-Stiuiridh an Fhoghlum an

Inbhir-Nis 'san Ros campa luchd-ionnsachaidh a bhith 'ga cumail gach samhraidh an Leodhas agus tha dochas gun gabhar ri seo.

Le cuideachadh bho'n Chomunn thoisich comhairle air ullachadh a dheanamh airson club a chuir air chois airson oigridh na Gaidhlig a tha an InbhirNis Choinnich iad aon fheasgar roimh dheireadh na bliadhna agus tha cùisean air doigh airson an gnothuich a chuir gu math air adhart.

Clò-bhualadh

Chaidh sia leabhraibh ur a chlo-bhualadh re na bliadhna agus tha ochd-deug anns an t-sreath gu ruige seo. Tha féill orra agus bithear a' toirt an tuilleadh dhiubh am follais a dh' aithghearr.

COMHAIRLE ROINN NA H-AIRDE DEAS

Ged a tha a' Chomhairle so mar gum biodh a' riaghladh nan Comhairlean Sgìreil, chan eil teagamh nach ann air na Comhairlean Sgìreil tha tromalach na h-obrach. 'S e prìomh obair nan Comhairlean a bhith coinneachadh is a' toirt aire do gach ni a bhuineas do'n dualchas, a bhith tagradh agus a' brònachadh, agus a' togail airgid.

Chaidh gach cùis a rèiteachadh gu Gàidhlig a bhith air a teagaisg ann an Acadamaidh Bhràgh'd-Albainn ach cha d'fhuaireadh tidsear, ni a bha 'na bhris-teadh-duil do na h-uile. Chruinnich Comhairle Siorrachd Pheairt is Aonghais £179 a chaidh a chur ri airgead a' Mhoid Naiseanta, 1969.

Air an taobh eile de'n dùthaich tha Comhairle Chluaidh gun lasachadh a' tionail airgid is tha a' Chomhairle an còmhnaidh earbsach gun tog iad an t-sùim a chuireadh romhpa.

Tha Comhairle Dhùn-éideann, Fhiofa is Chinn-rois dèanadach cuideachd. Bha còmhlan dhiubh a' sealltainn as déidh Bùth A' Chomuinn aig Féill Rìoghail Ghaidhealach an Aiteachais aig Ingliston as t-samhradh 'a chaidh. Air iartras na Comhairle agus le gean-math Comhairle Baile Dhùn-éideann, tha cuirm Ghaidhlig gu bhith air a cumail an Talla Usher aig ám Geamaichean a' Chomhfhlaithis is tha an t-airgead a thogar air a ghealltainn do'n Chomunn.

Stéidhicheadh Comhairle na h-Iar-Dheas aig an t-Samhain is dh'aontaich na buill ullachadh a dhèanamh gu cuirm mhór a chur air adhart aig toiseach na h-ath bhliadhna ann an Cill-Marnag gu airgead a thogail. Chuir iad romhpa cuideachd rannsachadh a dhèanamh air an fhéill a th'air Gàidhlig a bhith air a teagaisg 's na sgoilean.

B'e Comhairle na h-Aibhne Duibhe a' cheud Chomhairle Dhùthchail a chuireadh air bonn is 's e aon de'n rùintean Meuran de'n Chomunn a chur air bonn is mar bhuil air an saothair stéidhicheadh Meur an Tillicoultry. Seach gu bheil Mòd Naiseanta 1971 gu bhith ann an Sruighlea, bidh a' Chomhairle trang a'



trusadh airgid ach aig an aon àm chan eil iad a' dol a dhìochuimhneachadh an rùintean eile.

Tha a' Chomhairle a' nochadh an taing do Chalum MacDhonnchaidh a bha 'na Iar Fhear Cathraich air a' Chomhairle is 'na Cheann Suidhe air Meur Ghlaschu air son a shaothair is a dhealais.

Cuirear mu dheidhinn Comhairle no 's dòcha Comhairlean Sgìreil a stéidh-eachadh ann an Earra-Ghaidheal an déidh Mod Nàiseanta na h-ath bhliadhna ach tha oidhirp is rannsachadh gu bhith air a dhèanamh an dràsda gu Meuran a chleachd a bhith 'san t-siorrachd ath-bheothachadh.

SRUTH

Tha am paipear a nis 'san treas bliadhna agus ged a tha beagan call aig A' Chomunn dheth 'se 'm beachd gu bheil e deanamh feum.

'S ann a' dol am feabhas a tha e a thaobh atharrachadh sgrìobhaidhean Gàidhlig ach an taca ri leud nan cuspairean tha tighinn am follais 'sa' Bheurla tha a' Ghàidhlig fhathast air dheireadh.

Tha e 'na aobhar misnich gu bheil an aireamh a thatar a' reic a' dol an airde. Tha na leasan an Gàidhlig 'nan cuideachadh gu cinnteach, ach 's ro mhath a bhith faicinn gu bheil piseach a' tighinn air na tha dol a mheasg luchd na Gàidhlig 's na h-Eileanan. Chan eil coltas gu bheil Meuran A' Chomuinn a' deanamh mòran adhartais 'san raon seo.

Aig deireadh na bliadhna leig Frangais Whittaker dheth uallach oibreach nan Sanasan-Reic, agus tha feum air strì mhor a dheanamh mu'n tìg an roinn seo de'n phaipear gu ìre.

Mhol a' Chomhairle am paipear a chuir an asgaidh gu dachaidhean an sgìre no dha 's na h-Eileanan, an toiseach, feuch an gabhadh barrachd reic dheth. Nithear seo 'sa' bhliadhna ùir.

SGOIL SHAMHRAIDH

Cha do chùim An Comunn Sgoil Shamhraidh Ghaidhlig o chionn bhliadh-nachan agus bha ce-la-deug aig inbhich tha 'g ionnsachadh na Gàidhlig an Tairbeart na h-Earadh 'san luchair a bha air leth buanachdail dha'n luchd-ionnsachaidh.

Bithear a' cur Sgoil eile air adhart an 1970 an Steornabhagh.

DRAMA

Tha Drama Ghaidhlig a' tighinn air adhart air feadh na duthcha agus buidhinn laidir an diugh an Leodhas, 'san Eilean Sgiathanach, Inbhir-Nis, Dun-Eideann, An t-Oban, agus an Obairdheadhain.

Cuideachd, tha na sgrìobhaichean a' tighinn am follais agus tha dealbhan-cluiche 'gan sgrìobhadh an Gaidhlig.

Bha oidhche air leth airson drama aig a' Mhod am bliadhna agus bha Comunn Drama Ghaidhlig Dhun-Eideann an lathair le dealbh chluich ur bho Iain Moireach, "Feumaidh sinn a bhi Gaireachdainn". Na Bacaich leis "An Dall", fear ur o Dhomhnall MacIlleathain agus Comunn Drama Phortnalong le "Am Fear Nach Maireann".

AN CRUINNE

Tha aireamh nam buill a sior dhol a meud agus tha a' Chomhairle beachdachadh air dòighean 'sam faodadh cruinneachadh a chuir air dòigh 's dòcha aig am a' Mhoid.

Chanail e furasda bhith cumail sanasan-reic mu choinneamh an t-sluaigh, agus bu chòir mar sin an cothrom a ghabhail air na tha cruinneachadh aig a' Mhod. Bheireadh seo an cothrom dhaibhsan a tha 'nam buill a cheana thighinn còmhla agus tharruingeadh e tuilleadh a steach.

CEASNACHADH NA SGOILEAN

Ged a bha aon sgoil a dhith air a' cho-fharpais bho'n uiridh chaidh e air adhart gu math.

Am bliadhna rithist rinn Acadamaidh Rìoghail Inbhir-Nis a' chùis air na thachair riutha agus fhuair iad Cuach an "Daily Record" airson an treas uair. 'Si Ard Sgoil an t-Obain a chaidh chun na cuairt dheireannaich còmhla ris an Acadamaidh.

Tha An Comunn Gaidhealach fada an comuinn an "Daily Record" agus a' Bh.B.C. airson na tha iad a' deanamh airson an ceasnachadh a chumail a' dol.

CLUB LEABHAR

Dh'aindheoin dàil a bha 'n cois airgead a thional fhuairleadh cuideachadh bho Bhord Leasachaidh na Gaidhealtachd, bho Chomhairle nan Leabhraichean Gaidhlig 's bho Chomhairle Ealdhain na h-Alba. Thatar fada nan comain.

Bidh a' cheud leabhar 'ga chur a mach an ath mhios — 'se sin "The Serpent" le Niall Gunna agus bidh "Maighistirean is Ministearan" le I. Mac A' Ghobhainn air a shàil.

Tha grunnan leabhraichean eile aig a' Chlub aig ire an cuir an clò. Tha Club Leabhar a nis air a cheann fhein 's cha bhi sinn ach a' toirt iomradh air 'san dol seachad.

FEISD DHUN EIDEANN

Rinneadh oidhirp mhór a' Ghaidhlig a chumail air beulaibh an t-sluaigh aig am na Feisde. Tha An Comunn Gaidhealach fada an comain nan coisirean a chùm

ceilidhean a' dol an Gladstone's Land fad nan trì seachduinean. Chuidich Còisir Ghaidhlig Dhùn Eidean, Còisir Cheilteach Na Lodainn, Còisir Ghaidhlig Shruighlea, Còisir Ile Ghlaschu, Còisir Ghaidhlig Baile-Ghobhainn agus Comunn Ciuil Ghaidhlig Ghlaschu. Cha b'urrainn uibhir a bhith deanta mur b'e iad agus an Saltire Society a thug cuireadh dha'n Chomunn na céilidhean a chuir air bhonn.

Bha Cuirm-Chiùil an Talla Bhaile an Lìte a thuilleadh air a sin agus tha an Comunn am fiachan dha na h-uile chuidich air an fheasgar sin cuideachd, gu h-àraidh Martainn Domhnallach' Seonag Nic Choinnich, agus Iain A. MacLeòid.

IOMRADH AN LUCHD DREUCHD

Am Fear Stiuiridh

Chan e mhain gu bheil obair fhein an crochadh ris an Fhear Stiuiridh ach tha aige ri aite A' Chomuinn a sheasamh ann an iomadach suidheachadh. Bha e frithealadh Comhairle na Duthcha an Dun-Eidean, air comhairle a bha 'na meadhon air toirt air a' Bhord Leasachaidh, am B.A. Co. agus Oilthigh Obair-dheadhainn mion sgrudadh a dheanamh air suidheachadh dhaoine an dòigh beatha 'sa' bhuidhe a bhiodh aig na h-atharraichean a bha tighinn ri linn tionnsgalan 'nam measg a shuidheachadh timchioll Inbhir Gordan. Tha gealltanais gun teid an rannsachadh so a dheanamh air roinn nas fharsuinge agus gum bi fìor aire 'ga toirt mu chithear gu bheil géilleadh 'sam bith 'san dualchas. Bha e air ais 's air adhart a Leodhas a sgeadachadh oifis. Rinn e òraid aig Ard Sgoil MhicNeacail; thadhail e air meuran Comuinn is buidhinn eile; bha e aig an Sgoil Shamhraidh; agus bha facal aige air iomadh cuspair bho rocaidean is iasgach gu Bonn Labhairt; agus bha e siubhal nan eilean a' bruidhinn mu'n Ghaidhlig.

Am Fiosraiche

Tha e an gne na h-oibreach a bhith siubhail tric air an fheasgar aig coinneamhan, a' tadhal air meuran aig Modan 's mar sin air adhart. Ré na bliadhna, thadhail e an Diuirinis, Baile nan Gràndach, Foráis, Obairdheadhain, Inbhir-pheofharain, Eilgin, Dun-Eidean, Ulapul, An Agaidh Mhóir, Polliu, Arain, an t-Eilean Sgiathanach, Obarpheallaidh, Ard na murchan, a' toirt 'oraidean agus a' cuideachadh aig ceilidhean, mòdan is coinneamhan.

Mar thoradh air coinneamh a' fhritheal e 'sa Chaisteal Nuadh (Newcastle), chaidh Meur Ceann a Tuath Shasuinn a chuir air bhonn.

Fhritheal e coig mòdan ionadail ré an t-samhraidh agus riochdaich e An Comunn aig an t-Oireachtas am Baile Ath Cliath.

Ràinig e Bala an ceann a tuath na Cuimrigh co-cheangailte ri ullachadh a thatar a' deanamh airson paipear chloinne.

Ré na bliadhna choinnich e ri luchd nam paipearan, 'an reidio 'san telebhisean, 's ri buidhnean eile gu h-àraidh co-cheangailte ri obair a' Mhòid.

An Runaire

Am Mòd Nàiseanta, 1969 — Fhritheil an Rùnaire dà choinneamh 'san Agaidh Mhòir co-cheangailte ri ullachadh roimh 'n Mhòd agus a' Choinneamh Chrìochnachaidh a chumadh còig seachdainean an déidh a' Mhòid. Chuir e seachad seachdain ann an Inbhirnis a' cuideachadh le ullachadh a' Mhòid.

Am Mòd Nàiseanta, 1971 — Bha an Rùnaire an làthair agus labhair e aig coinneamh Thùs-ghnothaich Mòd Nàiseanta, 1971, a chumadh ann an Sruighlea aig deireadh na Samhna.

Mòdan Dùthchail — Fhritheil an Rùnaire seachd Mòdan a chumadh an Roinn na h-Airde Deas is bha e 'na bhrìtheamh Gàidhlig aig ceithir dhiubh sin.

Comhairlean Roinnean Dùthchail — Fhritheil e coinneamhan de dhà de na Comhairlean so ann an Glaschu, Fairlie is Troon.

Meuran is Comunn Dhaimheil — Bha e 'na thoileachadh dha tadhal air còig Meuran is Comunn Gaidhealach Bail' Eilidh. Chuir An Comunn Tirisdeach ann an Glaschu mór urram air A' Chomunn le fiathachadh a thoirt do'n Rùnaire a bhith 'na Fhear-cathrach aig a' Chuirm Bhliadhnail aca.

Comhairlean — Fhritheil e coinneamhan de'n Ard Chomhairle, Comhairle Roinn na h-Airde Deas, agus dusan coinneamh de na Comhairlean eile.

Review of the Year

The National Mod (Scotland) Act became effective in July, having been piloted through the Commons with Government support, by Russell Johnston, M.P. This is a small but significant piece of legislation, particularly in view of the National Mod becoming a nine-day event. The extension of the National Mod held at Aviemore to nine days proved most successful and in addition to relieving the strain on competitors and organisers provided an opportunity to introduce new competitions. The local committee are to be warmly commended on the success of their fund raising and organisation.

Gaelic speakers are once more indebted to the Broadcasting Council for Scotland for a new TV current affairs programme in Gaelic — *Bonn Labhairt* — and in conjunction with them, the Schools Broadcasting Council and the local Education Authorities in the Highlands for arranging school broadcasts in general subjects and in music on VHF radio. At the same time, great concern has to be voiced at the effect the operation of G.T.C. regulations has had on the supply of music teachers in remote areas. Consequently, because of no music teaching, a number of Provincial Mods may have to be cancelled.

Much of the publishing of school text books which had been undertaken by An Comunn in the past will now be the responsibility of the Joint Education Committee on Gaelic Text Books, who already have an impressive list of titles available.

The grant of £7,000 from the Scottish Education Department is an indication of the understanding by Ministers and officials of the S.E.D. of the efforts of the movement. Contributions from Local Authorities other than District Councils come to £1,640 and a sum of £260 was received this year from District Councils as a result of the National Mod (Scotland) Act. An Comunn would again express gratitude for all the contributions from official and unofficial sources.

With the opening of the new office in Stornoway and the Director taking up residence in the Western Isles, a considerable amount of work will require to be done to stimulate activity among those who speak the language. While it will be some time before the impact of this move can be assessed, the extension of work in the other two Regions will continue. This will be advanced in no small measure by the skill and experience brought to our work by Dr J. A. MacLean, C.B.E., ex Director of Education for Inverness-shire, who assists in a voluntary capacity as Executive Chairman.

NATIONAL MOD, AVIEMORE

History was made at Aviemore, with the first ever nine-day Mod held in a rural area. This was a most successful Mod. All entries were up on last year with the exception of the junior literary and senior oral competitions. We had the second highest Mod entry in the past five years. There was an increase of 22 in the junior choral competitions and we welcomed many new choirs from the County of Inverness. We were particularly pleased to congratulate the junior choir from Bayble School in Lewis, who, at their first appearance, won so many prizes and trophies. The new piping and fiddlers' competitions on Saturday proved both popular and entertaining. A recital of *Ceol Mor* on Saturday evening with Dr K. Mackay, Laggan, in the role of lecturer, placed *Ceol Mor* in its true setting, away from the competitive atmosphere. Miss Morag MacLeod, of the School of Scottish Studies,

